

GAIRM GU ÙRNAIGH: LATHA NA SÀBAID 25mh dhen Dàmhair 2020

Ùrnaigh aig 7f

Chaidh ceist shìmplidh a chuir air Ìosa ann an Soisgeul Mhata: “Fhir-Teagaisg, cò i an àithne as motha san lagh?” (22: 36). Chaidh a cur am measg tòrr eile gus Ìosa “a ghlacadh na chainnt.” (22: 15). Faodaidh sinn fhaighneachd: cò mheud àitheantan a tha ann san lagh? A-rèir beul-aithris nan Iùdhach, tha 613 dhiubh ann, agus anns an 12mh linn chuir Rabbi cliùiteach iad uile an cèill gu mionaideach. Chì sinn, ma-thà, gur e ceist gu math toinnte a chaidh a cur air Ìosa. Ciamar thuigeas sinn an uiread seo de laghan agus riaghaltan? Tha freagairt Ìosa gar toirt do chridhe an lagha: “Gràdhaichidh tu an Tighearna do Dhia led uile chridhe, agus led uile anam agus led uile inntinn... Gràdhaichidh tu do choimhearsnach mar thu fhèin.” (22: 37 - 39). Tha e ag ràdh gur ann air an dà àithne seo a tha an Lagh gu lèir agus na Fàidhean a’ crochadh. (22: 40)

Tha ar beathanann agus ar coimhearsnachdan air an dealbhadh le laghan agus riaghaltan, agus faodaidh ceistean mun deidhinn a bhith doirbh agus toinnte. Ach nach èisteamaid a-rithist ri àitheantan an lagha, gus Dia a ghràdhachadh agus ar coimhearsnach a ghràdhachadh mar sinn fhèin, agus nach dearbhamaid gu bheil a h-uile rud a’ crochadh air a sin, agus nach leanamaid an dà àithne seo, a threòrachas sinn tro ar ceistean uile.

Dèanamaid ùrnaigh:

A Thighearna ar Dia,
tha sinn a’ tighinn gad ionnsaigh,
gad ionnsaigh-sa, an Tì a labhair rinn ann an làithean a dh’fhalbh.
Agus tha sinn a’ guidhe ort gun labhradh tu rinn san latha an-diugh.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,
tha sinn ag èisteachd ri d’ Fhacail
agus ris an gairm gus do ghràdhachadh le cridhe
agus anam agus inntinn.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,
Mar fhreagairt, bheir sinn dhut
ar cridheachan agus ar n-anaman fhèin,

le fios gun tug thu fhèin gach nì a bh' agad tro Chrìosd ar Tighearna.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,
Tha sinn a' tionndadh gad ionnsaigh,
gad ionnsaigh-sa, a rinn sin nad ìomhaigh fhèin,
agus a rinn ar coimhearsnach san ìomhaigh sin.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaigh.

A Thighearna ar Dia,
Tha sinn a' siubhal maille ri ar coimhearsnaich,
a' feuchainn ris an gràdhachadh a-rèir d'àithne.
A Thighearna, na do thròcair,
èist ri ar n-ùrnaighean.

A Thighearna ar Dia,
tha sinn nar seasamh ri taobh ar coimhearsnaich,
le fios gu bheil thusa nad sheasamh maille rinn.
A Thighearna, na do thròcair, èist ri ar n-ùrnaigh.

Soidhnichte:

An Ceart Urramach Màrtainn Fair, Moderàtor Àrd-Sheanadh Eaglais na h-Alba

Am Fìor Urramach Leo Cushley, Àrd-Easbaig Chill Rìmhinn agus Dùn Èideann

Am Fìor Urramach Marcus Strange, Primus as leth Colaiste nan Easbaigean,
Eaglais Easbaigeach na h-Alba

An t-Urramach Iain Fulton, Moderàtor, Eaglais Shaor Aonaichte na h-Alba

An t-Urramach Lindsey Sanderson, Moderàtor, Eaglais Ath-Leasaichte

Aonaichte (Alba)

An t-Urramach Màrtainn Hodson, Àrd-Stiùiriche, Aonadh Baisteach na h-Alba

An t-Urramach Marcus Slaney, Cathraiche Roinn-Dùthcha, Eaglais nam

Methodach (Alba)

An t-Urramach May-Kane Logan, Cathraiche, Caidreachas Co-thionalach ann an

Alba

Lt. Col. Carol Bailey, Rùnaire na h-Alba, Feachd na Slàinte

Adwao Bittle, Comann nan Caraidean (Cuagairean)

An t-Urramach Claire Fender, Àrd-Neach-Stiùiridh Roinn-Dùthcha, Eileanan

Bhreatainn, Eaglais an Nàsaraich

Aoghaire Chris Gbenle, Aoghaire Roinn-Dùthcha, Mòr-Roinn na h-Alba, Eaglais

Chrìosdal air Saoradh le Dia

Easbaig Francis Alao, Eaglais Dhè (Alba)/ Eaglaisean nam mìon-shluagh còmhla

ann an Alba (MECTIS)

An t-Urramach Fred Drummond, Stiùiriche, Caidreachas Soisgeulach (Alba)

